

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Mucan-mara Bhail' Ailein

*A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleam@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleam@bbc.co.uk). This is Litir 910. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 606 corresponds to Litir 910.*

*'S e mucan gun chiall chuir cùl rin dachaigh  
Air aodann mharail a' chuain;  
Nuair chuir iad an cùrs air bàgh Bhail' Ailein  
'S e 'm bàs a bh' aca mar dhuais;  
'S e aon a thàr gu sàl air ais dhiubh,  
Chaidh càch a chlachadh gun truas;  
Bha balaich an àite nam màl a' feannadh  
Gu tràth air madainn Diluain.*

Uill, a-nise, a bheil sibh ag aithneachadh an òrain sin? A bheil sibh ag aithneachadh cuspair an òrain? Thachair e anns an Dùbhlachd, naoi ceud deug, trithead 's a ceithir (1934) ann an Loch Eireasort ann an Leòdhas. Sealg nam muc. Tha mi a' ciallachadh le sin – mucan-mara.

Nan tachradh e an-diugh, **'s ann a' dìon nam muc a bhiodh daoine**. Bhiodh iad a' dèanamh oidhirp airson na beathaichean iomain air ais gu muir. Ach, aig an àm sin, bha gnothaichean eadar-dhealaichte. Bha daoine bochd. Agus, nuair a nochdadh biadh – an-asgaidh mar dhuais – b' e sin **rùn an fhreastail**.

Mar a tha an t-òran ag innse dhuinn, 's e dìreach aon mhuc-mhara a thill gu muir. 'Chaidh càch a chlachadh gun truas'. Bha caogad 's a ceithir ann dhiubh. A rèir choltais, 's e mucan-biorach tuathach a bh' annta – *northern bottlenose whales*. Tha iad a' fàs cho fada ri deich meatairean, le cuideam còrr is còig tunnaichean annta.

Nochd an sgaoth de mhucan-mara anns an loch faisg air Tàbost. Chaidh grunnan a-mach ann an eathraichean agus lean iad na mucan cho fada ri Bail' Ailein. Dh'iomain iad na beathaichean chun an uisge eu-domhainn aig ceann an locha. Mharbh iad iad agus gheàrr iad ann am pìosan iad. Fhuair a h-uile taigh anns an sgìre a chuid de shaille. Ghoil na daoine an t-saill ann am praisean airson ola fhaighinn aiste. Feumaidh gun robh fàileadh mòr a' tighinn aiste cuideachd. Seo an treas rann dhen òran:

*Sa mhadainn Dimàirt bha fàileadh damait  
Gu h-àrd air mullach nam beann;  
Gun d' fhairich na fèidh iad fhèin an samh  
A bha 'g èirigh mach às a' ghleann;  
Tharraing iad ceum le leum is osann,  
'S e 'n èiginn a chumadh iad ann,  
Chan itheadh iad beum dhen fheur gun ruigeadh  
Iad slèibhtean Hùisinis thall.*

Tha an t-òran a' cur ceist, ge-tà. Carson a shnàimh na mucan-mara a-steach a Loch Eireasort? Seo rann eile:

*'S gu dè thug air ainmhidhean garbh na mara  
Cur cùl rin dachaighean fhèin,  
Gu tòir teachd-an-tìr ri crìch a' chladaich*

*An sgìre a' bhradain 's an fhèidh?  
'S ann stiùir iad cùrs len ùidh air camas  
Bhiodh cùilteach falaichte rèidh,  
'S am biodh iad le rian fo dhìon nam fearaibh  
Nach trialladh mara chum èisg.*

Bha an neach a sgrìobh an t-òran dhen bheachd nach e maraichean no iasgairean a bh' anns na daoine ann am Bail' Ailein no baile eile air cladach an locha – Ceòs. Sgrìobh e nach robh mucan-mara a thigeadh a-steach don loch ann an cunnart – ged a dhearbh an gnothach nach robh sin fìor idir. Seo an rann mu dheireadh.

*Chan fhaigheadh àite bu shàbhailt leotha  
Na bàgh Bhail' Ailein is Cheòis;  
Fìor nàmhaid an èisg no creutair mara  
Cha b' e bha 'm balaich a' chlà;  
Cha chàradh iad lìon, cha rèileadh iad dubhan,  
Cha bhiathadh duine ac' lìon-mòr,  
Ach leithid a' mhìothlachd riamh cha d' rinneadh  
Air iasg a bheannaich an còrs.*

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** duais: *reward*; an Dùbhlachd: *December*; Loch Eireasort: *Loch Erisort*; mucan-mara: *whales*; Tàbost: *Habost*; eathraichean: *small boats*; faileadh damait: *a terrible smell*; maraichean: *seamen*; Ceòs: *Keose*; mìothlachd: *offence*.

**Abairtean na Litreach:** 'S e mucan gun chiall chuir cùl rin dachaigh: *it's senseless whales that rejected their home*; nuair chuir iad an cùrs air bàgh Bhail' Ailein: *when they made their course for the bay of Balallan*; 's e aon a thàr gu sàl air ais dhiubh: *[only] one of them went back to sea*; chaidh càch a chlachadh gun truas: *the rest were stoned [to death] without pity*; bha balaich an àite nam màl a' feannadh: *the local lads were flaying them in droves*; dh'iomain iad na beathaichean chun an uisge eu-domhainn aig ceann an locha: *they drove the animals to the shallow water at the head of the loch*; fhuair a h-uile taigh a chuid de shaill: *every house got its share of blubber*; ghoil na daoine an t-saill ann am praisèan airson ola fhaighinn aiste: *the people boiled the blubber in large pots to get the oil from it*; gun d' fhairich na fèidh iad fhèin an samh: *the deer themselves detected the bad smell*; chan itheadh iad beum dhen fheur gun ruigeadh iad slèibhtean Hùisinish thall: *they wouldn't eat any of the grass until they reached the hills of Hushinish [in Harris]*; gu tòir teachd-an-tìr ri crìch a' chladaich [ann] an sgìre a' bhradain 's an fhèidh: *in pursuit of livelihood to the edge of the shore in the land of the salmon and deer*; fìor nàmhaid an èisg no creutair mara, cha b' e bha 'm balaich a' chlà: *the lads of the tweed [weavers] were not the enemies of fish or sea creatures*; cha chàradh iad lìon, cha rèileadh iad dubhan: *they couldn't [wouldn't] repair a net or attach a hook to a fishing line*; cha bhiathadh duine ac' lìon-mòr: *none of them could bait a long-line*.

**Puing-chànain na Litreach:** 's ann a' dìon nam muc a bhiodh daoine: *people would protect the whales. Starting the sentence with 's ann allows us to emphasize the verb dìon [they would protect them rather than kill them]. Remember this structure and use it where appropriate – it's very useful.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** b' e sin rùn an fhreastail: *that was the will of providence.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA